

Fèis nan Eileanan Beaga  
Èirisgeigh 15-17 an t-Òg-mhios 2007

Fiosrachadh Siubhail 's Àitean Fuirich

**Faighinn a dh'Èirisgeigh:**

Faodar Èirisgeigh a ruigsinn à Uibhist a' Deas, tarsaing a' chabhsair, no à Barraigh, air aiseag a' chaolais. À Uibhist a' Deas, thar nan cabhsair, gheibhear a Bheinn na Faoghla, Uibhist a' Tuath agus a Bheàrnaraigh. À Beàrnaraigh gheibhear aiseag dhan na Hearadh 's mar sin a Leòdhas.

**Bàtaichean-aiseig:** Tha bàtaichean-aiseig a' ruith gu cunbhalach eadar tìr-mòr 's Barraigh (an t-Òban – Bhàgh a' Chaisteil) agus Uibhist a' Deas (an t-Òban – Loch Baghasdail). Tha aiseag cuideachd a' ruith às an Eilean Sgitheanach (Uig – Loch na Madadh). Gheibhear fiosrachadh mu na clàraidhean-ama, fàraidhean 's tiocaidean a thaobh gach slighe bho 'Caledonian MacBrayne' (08705 650000).

Bidh busaichean a' ruith a dh'ionnsaigh a' *mhòr-chuid* dha na seòlaidhean seo, gheibhear barrachd fios bho Citylink (08705 50 50 50). Cuideachd, tha trèan a' stad san Òban, air a' ruith le First Scotrail (08457 48 49 50).

**Itealan:** Tha itealan a' tighinn à Glaschu (*Glasgow International*) gach latha, an dà chuid a dh'Uibhist agus a Bharraigh. Gheibhear am fiosrachadh riatanach bho British Airways (0870 850 9 850).

**Busaichean Ionadail:** Tha seirbheis coimhearsnachdail ri fhaotainn ann an Uibhist 's Barraigh. Tha an t-seirbheis seo a' ceangal Èirisgeigh ri acarsaidean Loch Baghasdail 's Loch na Madadh agus cuideachd ris a' Phort Adhair ann am Beinn na Faoghla. Tha fiosrachadh mun chlàr-ama 's eile ri fhaotainn bho Ionad Fiosrachaidh Luchd-turais Loch Baghasdail (01878 700 286).

**Còmhdhail na Fèise:** Tha bus sònraichte gu bhith ruith aig àm na Fèis, a bheir daoine a tha clàraichte eadar na h-àitean fuirich san taobh a' deas (à Loch Baghasdail, Garrihellie, Dalabrog sìos gu deas) agus Èirisgeigh aig toiseach 's deireadh gach latha. Cuirear barrachd fios a-mach nuair a thig an iarratas a dhearbhadh.

**Àitean-fuirich:** Tha taghadh de dh'àitean-fuirich ann an ceann a' deas Uibhist 's ann an Èirisgeidh fhèin. Airson barrachd fios, faodar sùil a thoirt air làrach-linn 'Visit Hebrides' no faodar fòn a chur gu Ionad Fiosrachaidh Luchd-turais Loch Baghasdail (01878 700 286).